



## Tìotal: Caraidean agus Dàimh

### Pàirt 3: Nuair a bhios caraidean a' dol far a chèile

Level: A' CHIAD

#### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<ul style="list-style-type: none"><li>Tha mi mothachail air mar a tha sinn a' dèanamh charaidean agus gum faod rudan as toigh leat, nach toigh leat, comasan no feuman sònraichte buaidh a thoirt air dàimhean. HWB 1-44a</li><li>Tha mi a' tuigsinn rudan math mu chàirdeasan agus mu dhàimhean, ach nuair a bhios rud sam bith a' cur dragh no ionnaidh orm tha fios agam cò ris a bhruidhneas mi. HWB 1-44</li></ul>	Tha na h-Eòlasan/Builean seo nam pàirt de Slàinte is Sunnd – Dleastanas nan Uile a tha a' gabhail a-steach nan còig ìrean gus ionnsachadh agus leasachadh a chòmhdach ann an Slàinte is Sunnd. Chan eil slatan-tomhais ann airson nan E/B seo.

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann mar a thogas iad dàimhean agus mar a chumas iad a' dol iad.
- Gun aithnich clann co thuig a thig iad ma tha iomagain no dragh orra mu dhàimhean rin co-aoisean.
- Gun smaoinich clann air na faireachdainnean a tha an lùib dhàimhean.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu bhith a' togail dhàimhean agus mu bhith gan cumail a' dol.
- Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha coibhneas agus co-fhaireachdainn.
- Tha mi a' tuigsinn gum bi caraidean a' dol far a chèile agus 's urrainn dhomh smaoinich air dòighean deimhinneach air seo a làimhseachadh.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Duilleagan Bingo (Taing do cho-obraichean Sgoil Drumpark airson na dreachd.)
- Teamplaid Pupaid bhiorain no cairt air an dèan clann na caractaran aca/pinn no creidheanan, teip steigeach/biorain

**NOT:** Nas tràithe sna seiseanan, bhruidhinn a' chlann mu bhith nad charaid agus mu choibhneas. Sa ghnìomh seo bidh iad a' bruidhinn air na bhios a' tachairt nuair a bhios clann a' dol far a chèile. 'S e an t-amas **gun ionnsaich a' chlann a bhith seasmhach**, 's gun tèid taic a thoirt dhaibh smaoinich air mar a bhios dàimhean ag atharrachadh agus gum smaoinich air nas urrainn dhaibh a dhèanamh airson taic a thoirt do dhaoine eile.

Chan eilear ag iarraidh air an tidsear bruidhinn air burraidheachd, ach 's dòcha gun tog an cuspair ceann. Ma tha a' chlann a' bruidhinn air giùlan mar bhurraidheachd, tha e feumail cur nan cuimhne gu bheil burraidheachd a-mach air giùlan neach, no ma tha iad a' cleachdadh cànan mì-choibhneil a tha a' fàgail neach eile troimh-a-chèile no a' faireachdainn an eagail. Thathar a' dèiligeadh ri burraidheachd a-rithist san dàrna ìre de RSHP, ann an co-theacs Caraidean agus Dàimh, ged a bhios poileasaidh agaibh san sgoil/ionad agaibh ris an coimhead sibh an seo.

## Obair

1. Tòisich an seisean le gèam **Bingo Dhaoine**. Tha teamlaid am measg na stuthan. Atharraichibh e mar a tha sibh a' meas freagarrach. Bidh gach inbheach agus pàiste san rùm a' cluich, tha duilleag pàipeir aig gach neach agus feumaidh iad ainm a chruinneachadh airson gach bogsa. Ma ghabhas e deanamh, cuir air dòigh duaisean do gach neach mar a tha iad a' crìochnachadh – orainsear beag no stiogair mar eisimpleir.
2. Cruinnich a h-uile duine còmhla sa chearcall. An do dh'ionnsaich duine rud ùr mu chuideigin sa chlas sa ghèam. Cuir an cuimhne na cloinne gu bheil iad air a bhith a' coimhead air dàimhean – bruidhinn air na rinn iad thuige seo. Bruidhinn air rudan coibhneil a rinn daoine. Am faca duine cuideigin a' dèanamh no a' ràdh rud coibhneil bhon a bha an leasan mu dheireadh againn?
3. Mìnich dhan chloinn gu bheil gu bheil e uaireannan doirbh caraidean a chumail no dàimhean a chumail suas, gum bi caraidean uaireannan a' dol far a chèile. Cuir a' cheist air a' bhòrd-gheal **Carson a bhios caraidean a' dol far a chèile?** Sgrìobh/clàr na prìomh fhreagairtean aca mar liosta.
4. **Dràma Phupaidean**. Inns dhan chloinn gu bheil iad a' dol a dhèanamh dràma mu shuidheachadh coltach ris an fheadhainn a chaidh ainmeachadh. Tha iad a' dol a chur an ìre gu bheil iadsan ann an suidheachadh far a bheil caraidean air a dhol far a chèile. Mìnich gu soilleir nach e an seòrsa eas-aonta far a bheil bualadh/sabaid. Bidh iadsan a' dèanamh an dràma le pupaidean. Ma tha e cuideachail, cleachd na teamplaidean. Inns gum bi iad a' dèanamh pupaidean le bhith a' gearradh nan teamplaidean (no na figearan a nì iad fhèin) a-mach, agus ga sgeadachadh, airson 's gu bheil e coltach riuthasan (no ris a' phàiste san sgeulachd). Iarr orra na pupaidean maide aca a dhèanamh.
5. Cruinnich a' chlann air ais còmhla. Inns dhaibh gum bi iad ag obair ann am buidhnean de thrìuir. Feumaidh iad obrachadh còmhla gus bruidhinn mun t-seòrsa sgeulachd a tha iad airson innse do charaidean a tha a' dol far a chèile. Bidh aca an uair sin ris an dràma aca a shealltainn dhan chlas no dhan bhuidheann, agus bidh acasan ri innse mar as fheàrr a ghabhas a' chùis a chur air dòigh. Cleachd slaighd an stiùiridh:

Seo ceistean a chuidicheas le cruthachadh an dràma. Cuimhnich a chumail goirid; chan fheum thu a' chùis a chur air dòigh bhon a bhios sinn air fad a' briuidhinn còmhla mun sin às dèidh dhuinn an dealbh-chluich fhaicinn. Feumaidh tu cur romhad:

- Ciamar a tha an sgeulachd a' tòiseachadh?
- Dè tha na caraidean a' dèanamh?
- Carson a tha na caraidean a' dol far a chèile?
- Dè tha a' tachairt nuair a tha iad a' dol far a chèile?
- Ciamar a tha gach neach a' faireachdainn a-nis?

Thoir ùine dhan chloinn airson obrachadh air an sgeulachd aca agus gus ruith-thairis a dhèanamh. 'S dòcha gum bi taic a dhìth orra bho na h-inbhich san rùm.

6. **Iarr orra na sgeulachdan aca a shealltainn**. Iarr orra tòiseachadh le mìneachadh goirid mu thoiseach na sgeòil agus mu na tha na caraidean a' dèanamh. Às dèidh gach taisbeanadh, thoir cothrom dhan chloinn 's dhan luchd-amhairc ceistean fhaighneachd. An uair sin faghnich dhan chloinn gu lèir: **Dè b' urrainn dhuinn a dhèanamh gus a' chlann seo a chuideachadh a' dèanamh rèite?** (Cuimhnich a chur an cuimhne na cloinne gu bheil e ceart gu leòr ma tha cùisean ro dhoirbh 's mura gabh an rèiteach gu luath. Faodaidh a' chlann smaoinneachadh air an seo airson latha no

dhà. (Cuimhnich misneachadh a thoirt dhaibh gu bheil e ceart gu leòr a bhith ag ràdh rud mar : 'S dòcha nach gabh rèite a dhèanamh an seo an-dràsta. Ciamar a nì sinn cinnteach nach eil duine san sgeulachd air am fàgail troimh-a-chèile?

7. **Crìoch.** Cuimhnich dhan chloinn na còmhraidhean agus na beachdan matha a chuala tu sna seiseanan. Cuir nan cuimhne cho cudromach 's a tha e a bhith coibhneil agus ged nach fheum sinn a bhith nar fìor dheagh charaidean, bidh sinn uile nas toilichte ma tha sinn càirdeil. (Till air ais gu suidheachaidhean dàimh nach deach a reiteach sna làthaichean a tha romhaibh, mar chlas no mar bhuidhnean beaga. Dèan fhèin molaidhean ma tha sin na chuideachadh).

**Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:**

Mo charaidean/A bhith nad charaid  
Coibhneas agus co-fhaireachdainn

**Notaichean Tidseir**